



H.M. 307.











*Cogadh mòr na h-Eòrpa*

---

# RÒS O SHARON

MACCOINNICH



Agus gabhaibh  
clogad  
na slàinte.

Iadsan a théid sìos  
do'n fhairge air longan ;  
Chi iadsan gnìomharan  
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Rìgh

Cò sgaras sinn o ghràdh Chrìosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìd-san a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Chrìosd ar Tighearna.

*Rom. viii. 35, 37-39*

Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

*Taisb. xxii. 4.*



*Cogadh mòr na h-Eòrpa*

---


# RÒS O SHARON

MACCOINNICH



*Printed by* OLIVER AND BOYD, Edinburgh, *for*  
The Church of Scotland,  
The United Free Church of Scotland, and  
The Free Church of Scotland.

*These two translated Sermons, originally written in English by Rev. Lachlan Mackenzie, a former minister of Lochcarron, have been edited and reprinted under authority of a Joint Committee of the Churches, for the use of Highland Sailors and Soldiers in H.M.'s service.*



*A sheòldairean agus a shaighdeirean  
Gàidhealach !*

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criosd, Prionnsa na sìthe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searmonachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sìth le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Gàidhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha àiridh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Crìosd.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmun, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhì 'g earbs' á duine beò  
Ar dòchas chur an Dia ;  
'S fearr na bhì 'g earbs' á prionnsaibh mòr  
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Crìosd.

*David Paul, D.D., LL.D.*

*Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.*

*Alex. R. MacLennan, D.D.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir Aonaichte.*

*J. Macdonald.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shaoir.*

## RÒS O SHARON

“Is ròs o Sharon mise, lili nan gleann. Mar lili am measg droighnich. is amhuil mo ghràdh-sa am measg nan nighean. Mar chrann-ubhall am measg chrann na coille, is amhuil mo rùn-sa am measg nan òganach; fuidh a sgàile mhiannaich mi, agus shuidh mi sìos, agus bha a thoradh milis do m' bhlas.”—DAN SHOLAMH. ii. 1-3.

'S e tha ann an so Dàn Spioradail agus naomh, a tha deanamh iomraidh air a' ghràdh a tha eadar Crìosd agus 'Eaglais. Theirear ri Crìosd anns na sgrìobtuiribh am Fear Nuadh Pòsda, agus a' Bhean Nuadh Phòsda ri gach anam a tha air a naomhachadh. Tha aonadh daingean eatorra; agus tha iad ann an dlùth dhaimh troimh an Spiorad Naomh. Bha i a thaobh nàduir neo-iomlan, agus gun mhaise, 'na luidhe ann am measg nam poit, 'g a h-aoirneagain ann an staid peacaidh agus truaighe; ach rinn a ghràdh maiseach agus sgiamhach i an làthair Dhé agus dhaoine. Oir air dhi sealladh fhaotainn air maise spioradail Chrìosd: agus air dhi 'bhi air a sgeadachadh le fhìreantachd-sa, agus air a naomhachadh le a Spiorad-sa, tha i nis a' seinn a chliù, agus a'

# Ròs O Sharon

deanamh luaidh air 'òirdheirceas, agus a sonas féin. Tha 'n gràdh d' a chéile agus an aoibhneas air a chur sìos ann am briathraibh samhlauchail nan dàn.

## CINN TEAGAISG.

I. Cionnas a shamhlaichear Criosd ris an ròs agus ris an lili, agus ris a' chrann-ubhall am measg chrann na coille?

II. Gu bheil an Eaglais mar an lili am measg droighnich.

III. C' uin a theirear gu bheil an t-anam 'n a shuidhe le aoibhneas fuidh a sgàile, agus gu bheil a thoradh milis d' a bhlas?

I. Cionnas a shamhlaichear Criosd ris an ròs agus ris an lili, agus ris a' chrann-ubhall am measg chrann na coille?

I. 'S a' cheud àite. Tha Criosd 'n a dh-annachd naoimh coltach ris na blàthan maiseach sin, oir tha fionnarachadh 'n am fàileadh cùbhraidh. 'Nis tha fàile o thrusgan Chrìosd de Alos, Mhirr, 's de Chasia. Dhòirteadh gràs 'n a bhilibh. Nì teagasg Fhocail agus gràsan a Spioraid an cridhe a mhisneachadh, agus a neartachadh. 'N uair a tha an cogais 'g an dìteadh, agus iad fo iomaguin

## Ròs O Sharon

troimh mhothachadh air am peacaidhean, bheir a gheallaidhean fois dhaibh-san a tha airsnealach. 'N uair a gheibh duine sealladh air a pheacaidhean, agus a chreideas e 'n a staid chailte, tha an t-eas-creidimh ro-bhuailteach air a bhàthadh ann an cuan an eu-dòchais. Ach aig a' cheart uair sin thig geallanna an t-Soisgeil le fuasgladh, 's beothachadh d'a chridhe anmhan. Agus mar a thug an Soisgeul air tùs misneach dha a thighinn agus a dhòchas a shuidheachadh air an t-Slànuighear, 's e daonnan bunait a dhòchais agus 'earbsa. Ma gheibh duine e féin trom-inntinneach, agus mi-shunndach, ni deagh fhàile nam blàthan a bheothachadh. Mar sin cuiridh am focal treòir anns a' chridhe, agus beatha anns an anam.

'S e bh' ann an Saron ainm àite sònraichte, no earrainn dùthcha. B' àite e a réir nan sgrìobtairean, a bha ro-bhriagh agus ro-thorach; agus a bha ainmeil air son a chluaintean, agus a lusan. Cha 'n ann ri ròs a' ghàraidh, ach ri ròs o Sharon a tha e 'g a shamhlachadh féin. Tha a ghràs saor, agus a thairgse do na h-uile; agus cha dean e maoidheadh. Cha 'n 'eil flùr a' ghàraidh ach air son a' bheagan, ach tha blàth na macharach saor do na h-uile, agus mar na blàthan maiseach sin, anns an achadh, tha Criosd, ann an raon farsuinn an t-

## Ròs O Sharon

Soisgeil, saor do na h-uile, ach gu h-àraidh do na peacaich sin uile, aig a bheil an cridhe leònta leis a' pheacadh. Co am fear a' siubhal troimh Sharon ag amharc air a leithid so de mhaise, nach bitheadh air a thogail 'na inntinn le aoibhneas. Ach na 'm bitheadh lan-ghealltanais aige, gu 'm b' ann leis féin a bha na bha 'na shealladh, cia mò gu mòr a bhitheadh 'aoibhneas. Is amhuil a bhitheas esan a gheibh sealladh spioradail air raointean farsuinn an t-soisgeil. "Bheirear glòir Lebanoin dha, maise Charneil agus Sharoin." Mar sin, tha Criosd mar an ròs, agus an lili 'na fhàile cùbhraidh, agus 'na mhaise; agus 'nuair a chi sinn a ghlòir, agus a bhlaiseas sinn a mhìleachd, nach prìseil a' naigheachd do pheacaich air an gairm, agus gur e 'm beatha tighinn thuige.

Mar an crann-ubhall ann a' maise agus toradh, is amhuil tha esan. Cha 'n 'eil toradh, fionnarachd, no fàsagath ri fhaotainn o chraobhan eile, ged is lionmhor na tha dol thuca, a' dh' iarraidh beathachaidh agus ùrachaidh d'an anam. Theid cuid gu craobh an eòlais, chum iad féin a' lionadh le a toradh gun bhrìgh; agus labhraidh iad mu 'n t-soisgeul, ged nach do bheathaich an anam riamh air. Cha 'n 'eil ann an ni 'sam bith eile, anns a bheil iad a' cur a' muinighin, ach cuile bhrìste;



## Ròs O Sharon

ach ann an craoibh na beatha tha lòn, agus fasnath do 'n anam. Is e Criosd am fìor chrann-ubhall a tha giùlan dà ghnè dheug thoraidh, agus a tha toirt a thoraidh uaithe gach uile mhios; agus tha a dhuilleach chum leighis nan Cinneach. Is lionmhoir ar n-eucailean, ach aige-san tha iocshlaint air son euslaint arn-anama. Tha beatha aig ann féin, agus bheir e beatha d'a shluagh. Agus 'nuair a dh' ath-bheothaicheas e iad chum 's gu 'm bi tlachd aca ann am beatha nan gràs, bithidh a thoradh 'na aran na beatha d' an anamaibh truagha gun treòir.

II. Gu bheil an Eaglais mar an lili am measg dhroighnich. An ni a tha fìor anns an t-seadh as àirde mu Chriosd gu spioradail, tha e ann an tomhas fìor mu 'eaglais, oir 'se an aon chaidreabh a gheibh iad o'n t-saoghal 's a fhuair am maighstir.

Tha an lili tlachdmhoir do 'n t-sùil, cùbhraidh, agus mìn, ach mu 'n droigheann cha 'n 'eil so fìor. Tha gràs Dhé aig na fìor chreidich, agus nàdur nuadh a tha 'na thaisbeanadh féin 'na caithe-beatha, 's na giùlain. Tha a nadur naomh, 's tha an caithe-beatha a réir an t-soisgeil. Mar a dh' aithnichear le fhàile ciod e an stuth a tha ann an soitheach, mar sin aithnichear le 'bhriathraibh, is le ghiùlain, ciod e an gnè spioraid

## Ròs O Sharon

de a bheil duine. Ma tha duine ann an Criosd is creutair nuadh e, agus tha a ghiomhara comhfhreagaireadh ri 'nàdur nuadh. An ni tha fìor gu spioradail tha e fìor gu nàdurra. Theid a' t-uain a dh' ionnsuidh an fheadir agus an tunnag do 'n uisge, oir 'se so an nàdur; ach taisbeanaidh an sionnach a dhéigh air fuil. 'Tha an nadur nuadh, agus na gnìomhara a tha a' sruthadh uaithe, maiseach agus tlachdmhor mar an lili; ach tha na h-aingidh mar an droigheann; cha bhuin thu dhaibh gun chron dhuit féin. Is mòr an t-eadar-dhealachadh a tha eadar an lili 's an droigheann; agus mar is faisge iad air a chéile 's ann as soilleire bhitheas so. Shaoileadh tu gu 'm bitheadh deagh bhuaidh aig eiseamplair mhaith a' chreidich air an aingidh, ach cha 'n e so idir a chi sinn a' tachart.' Oir ged a bha Lot a' gabhail còmhnuidh am measg nan aingidh cha do dh' iompaich e iad. Nochd Noah mar an ceudna eiseamplair mhaith do 'n t-seann saoghal. Bha iad sin mar na lilidhean am measg droighnich, agus gidheadh an deagh eiseamplair bhuaich na h-aingidh 'nan aingidheachd. Bithidh an droigheann 'na dhroigheann dh'aindeoin cho dlùth 's a bhitheas e air an lili. Feudaidh tu aolach a chur ri 'bhun, agus mòr shaothair a' chaitheamh

## Ròs O Sharon

air, ach cha dean sin a chaidh lili de 'n droigheann; mar an ceudna feudaidh tu muinntir a' sgitheachadh le ùrnuighean 's le searmoin-ean, feudaidh tu òirdheirceas subhailce, agus uamhasan an lagha agus geallaidhean priseil an t-soisgeil a chur ri an aghaidh, ach cha 'n 'eil annta-san ach peacaich neo-iompaichte—droigheann. Ach thoir fainear briathran an t-Slànuighir ag radh A Ghradh ris an lili, a tha e faicinn ann am measg an droighnich. Tha a shùil air a shluagh ann am measg an t-saoghail aingidh agus thruaillidh, ge b' e air bith a their daoine mu 'n timchioll.

2. Tha an lili air son a' ghàraidh, ach 's e crìoch an droighnich a losgadh. Tha sluagh Dhé anns an t-saoghal mar an lili ann am fasaich dhris agus dhroighnich, ach bithidh iad air an atharrachadh gu bhì air a' suidheachadh ann am Pàras shuas. Mheud 'sa tha na lilidhean 'san t-saoghal so bithidh iad air a suidheachadh ann a' gàradh Dhé, far am bidh iad fuidh ghathan grian na fireantachd, agus làn chothrom aca air am blàthan a' sgaoileadh a mach. Cha chuir an droigheann ni 's fhaide bacadh air am fàs, oir loisgear le teine e. Ann am freasdal glic Dhé, a réir a rùin iongantaich agus dhiomhair, tha

## Ròs O Sharon

e air a cheadachadh dhaibh fàs còmhlaith air thalamh.

3. Tha na lilidhean tearc an coimeas ris an droigheann. Is minic a chi thu flùraichean ann am broilleach neach; agus so air son an deagh fhàile, ach cha 'n fhaic thu droigheann no dris uair 'sam bith ann an sin. Cha sheall an droigheann no 'n dris dreachail anns a' bhroilleach, cuir an òrdugh e mar thogras thu. Mar an ceudna tha na fìor chreidich agus na naoimh tearc an coimeas ris na h-aingidh; agus a dh' aindeoin do shaothair cha dean thu firean de 'n aingidh; agus ged a dh' fhaodadh tusa fireana a' ràdh riu cha 'n aidich an Tighearn' iad mar a shluagh-sa, 's cha dean e luchd-compairt d' a ghràdh dhiubh, agus cha bhi co-chomunn aige ri 'n anamaibh.

III. C'uin a theirear gu bheil an t-anam 'na shuidhe le aoibhneas fuidh a sgàile agus gu bheil a thoradh milis d'a bhlas?

'S e Criosd Fear Nuadh Pòsda na h-Eaglais, agus tha e a' seasamh an dlùth dhàimh rithe. 'Nuair a bha a' bhean nuadh-phòsda air a toirt a dh' ionnsuidh an t-seòmair phosaidh bha brat sgaoilte air slataibh thairis air an fhear phòsda agus oirre-san. Feudaidh so bhi samhlachadh gu 'n robh i ann am fàsghath, agus fuidh dhion a fir

## Ròs O Sharon

pòsda. Ann an iomadh earrainn de 'n fhirinn,—mar ann an Is. iv. 6.—“ Agus bithidh e 'na bhùth, air son sgàile o'n teas anns an là, agus air son dìdein, agus air son ionad-fasgaidh o'n doininn agus o'n uisge ”; tha sgàile ciallachadh dìon. 'Nis thugadh Iosa mar ainm air ar Slanuighear, “ oir saoraidh e a shluagh féin o'm peacaibh ”; agus 'nuair a theicheas iad thuige air son fasgaidh bithidh e 'na bhaile dìon, 's 'na thùr làidir, 's 'na dhaingneach dhaibh. Is esan craobh na beatha, agus is e am fasnach o'n teas, agus an dìdean o na siantaibh, agus o'n doininn. 'Nis suidhidh an t-anam sìos le aoibhneas fuidh sgàile craoibh na beatha.

I. 'Nuair a chì e a chòirichean anns na sochairibh, a tha sruthadh o bhàs Chrìosd; agus is e obair àraidh a' chreidimh, gréim a dheanamh orra, agus Chrìosd a' dhlùth ghabhail thuige. Is e tha 'n soisgeul ag radh “ Fhuair Chrìosd bàs air son nam peacach ” ach 's e tha creideamh ag radh “ fhuair e bàs air mo shonsa. ” 'Nuair a tha ceartas an tòir air an anam, a tha faicinn, agus a' criothnachadh aig toillteannas a' pheacaidh, cha dèanadas dha teicheadh a dh' ionnsuidh na h-àirce. Cha bu dèanachd do 'n tì a theich o dhioghaltair na fola aghaidh a chur air a' bhaile dhion, oir b'e

## Ròs O Sharon

an t-àite fasgaidh air òrduchadh leis an lagh. Cha bu dånadas do Naaman, an Sirianach, e féin a' nigh seachd uairean ann an Iordan, oir b'e so àithne Dhé Israeil, agus b'e so am meadhon leis an robh e air a leigheas. A nis is e fuil a' chrathaidh, anns an t-soisgeul, meadhon slàinte gach anama. Is e cainnt an t-soisgeil, "ionnlaid thu féin, agus bi glan"; ach cionnas a bhitheas sinn glan gus am bidh an fhuil air a crathadh air ar coguis. Cha 'n abrar gu bheil duine compairteachadh de 'n t-Suipeir ann a bhi creidsinn, a mhàin gu bheil e air a ghairm, agus air a chuireadh, oir is e an àithne, "Gabhaibh, ithibh, agus òlaibh uile dheth"; agus mar an ceudna chum a bhi a' gabhail de na sochairibh a tha sruthadh o bhàs Chrìosd, feumaidh iocshlaint na fola a bhi air a cur ri ar n' anamaibh, agus sin ann bhi creidsinn gu bheil so air son ar maith. 'Nuair a shuidheas duine aig cuirm, a bheil e a' gabhail dhi mur a bheil e ach a' creidsinn gu bheil e air a chuireadh agus gur e a bheatha gabhail? Cha 'n 'eil! mur a h-ith e, agus mur a h-òl e tha e toirt oilbheum do fhear na cuirme; tha e mi-mhodhail, agus cha 'n 'eil e a' deanamh a dhleasnas; ach tha e a' deanamh cron dha féin. Ach ma ghabhas e de 'n chuirm le subhachas bheir e toileachas do fhear na cuirme, agus

## Ròs O Sharon

bithidh e féin sona le pàirteachadh ann an còmhradh na cuideachd aig a' bhòrd. Air a' mhodh cheudna tha e air iarraidh oirnn creidsinn ann an Crìosd, agus gur e beatha a' pheacaich tighinn thuige; agus c' ar son ma seadh a' dhùininn-se mi-fein a mach. Fhuair Chrìosd bàs air son pheacach, ach 's e bhi a' creidsinn gu 'n d fhuair e bàs air mo shonsa bheir dhomhsa còir a bhi agam 'na oibribh, agus 'na fhulangasaibh. Ach mur a bheil càil agam, ciod 'ni mi ach amharc ri fear na cuirme air son an Spioraid Naomh, ocras spioradail a chur 'na m' anam. Ma dh' itheas mi cha ruig mi leas eagal a bhi orm nach e mo bheatha e. Cuireamaid, mar sin, ar muinighin anns an t-Slànuighear, agus is leinne a bheannachdan-san gu leir. Ach a nis feumaidh mi a' cheisd a fhreagradh; mur a bheil an spiorad ag oibreachadh 'nam' anam an creid mi? Cha chreid. Ach cha 'n ann a steach ach a suas a sheallas mi air son a' chomais. 'Nuair a dh' amhairceas mi a steach cha 'n fhaic mi ach an t-eas-creidimh agus aimhreit. Amhairc ri fear deas laimhe Dhé, agus bheir esan dhuit an spiorad. Oibrichidh an spiorad creideamh, agus ged is e d' fhaireachduinn-se gu bheil thu marbh, is e Crìosd an aiseirigh, agus a' bheatha. Thig a

## Ròs O Sharon

mach as do staid mharbh agus mhi-chreideach ; is àill le Dia gu 'n creideadh thu, agus gu 'n earbadh tu slàinte d' anama ri Criosd luachmhor ; agus ma ni thu sin, tha Criosd ag ràdh anns an t-soisgeul, “ Agus ge b'e neach leis an àill gabhadh e uisge na beatha gu saor ;” agus ma ghabhas tu 's e do bheatha. Tha sinn air an aobhar sin a' suidhe fuidh a sgàile le aoibhneas, 'nuair a tha sinn a' cur ar muinighin 'na airidheachd, agus a' gabhail slàinte Dhè d' ar 'n anamaibh.

2. Feudar a' ràdh gu bheil neach a' suidhe le aoibhneas fuidh a' sgàile, 'nuair tha cumhachd, a tha 'na leigheas o' eucail a' pheacaidh, a' tighinn thuige o chraoibh na beatha. Tha ioc-shlaint 'n ar Slànuighear air son ar n-anam, oir uaithe thig an Spiorad Naomh le a chumhachd tearnuidh, a leghas is a chaitheas as am peacadh, mar a leghas an sneachd leis an aiteamh. Is miosa ana-miannan a' chridhe na plàigh nan locust—aon de plàighean na h-Eiphit. “ Chòmhdach na locuist aghaidh na talmhainn uile, air chor agus gu'n do dhorchaicheadh an talamh, agus dh' ith iad uile luibh na talmhainn, agus uile mheas na macharach.” 'S e so a' bhuidh a th' aig a' pheacadh air an anam. Lagaichidh e a bhuanhan ; millidh e uile shòlasan ; bheir e air falbh



## Ròs O Sharon

a mhaise, agus lionaidh se e le dòruinn. Ach thoir fainear ciod e thug air falbh na locuist as an Eiphit; “Agus ghuidh Maois air an Tighearn, agus thionndaidh an Tighearna gaoth an iar rólàidir, a thug air falbh na locuist agus a thilg iad sa Mhuir Ruadh: cha d’ fhan aon locust ann an crìochaibh na h-Eiphit uile.” ’S co-ionann a’ phlàigh a tha air an anam through; ach leis a’ phlàigh so theid e dh’ ionnsuidh craobh na beatha, agus suidhidh e fuidh a sgàile. Amhaircidh e ri Dia. Tha n’ as motha dh’ ùghdarras aig Chrìosd ann an cùirt na flaitheis na bha aig Maois an làthair Pharaoidh, na aig Pharaoh an làthair Mhaois. Tha am peacaidhean uile air an cur fuidh ann an doimhneachdaibh na fairge. Bha na locuist air am bàthadh anns a’ Mhuir Ruadh; agus mar sin tilgidh gaoth làidir an Spioraid ar peacaidhean uile ann a’ Muir Ruadh fola Chrìosd; agus bheir a leithid sin de shealladh neart do’n anam an aghaidh cumhachd a’ pheacaidh. “Their Ephraim ciod mo ghnothuchsa tuilleadh ri iodhalaibh?” ’S e an t-iodhal a’ cheud pheacadh a theid a sgrios; agus ’nuair a thuiteas esan teichidh feachd nam Philisteach air falbh, mar a thachair roimhe ’nuair a mharbhadh an curaidh. ’Nuair a thuit Goliath theich an armait. Tha so a’ toirt gu mo

## Ròs O Sharon

chuimhne cungaidh leigheis, a dh'òrduich lighich ro-ainmeil a bha ann an Alba air a' mheudbhronn. Dh' iarr e mial-mhagach a' sgoltadh agus a' cur air an druim mu choinneamh nan àirnean, agus gu 'n cuireadh so a mach an t-uisge a thionail anns a' chòm. 'Nuair a dh' fhàsas an t-iodhal, no na peacaidhean a tha thu a' gradhachadh, gràineil dhuit mar a' mhial-mhagach, tilgidh thu a mach iad. Ann an sin suidhidh tu fuidh sgàile Chrìosd—an Crann ubhall agus Craobh na beatha. Nach bi toradh fhulangais milis aig do bhlas? Suidhidh tu le aoibhneas fuidh sgàile, agus fairichidh tu a chumhachd ann a t-anam.

3. Suidhidh e le aoibhneas fuidh sgàile 'nuair a gheibh e comhfhurtachd ann an uaigneas anama. Tha eòlasan na fìor dhiadhachd sèimh, sìothchail, taitneach; agus cha 'n 'eil iad bras agus garg mar an sruth cas. Siùbhlaidh iad gun toirm, agus gun fharum mar uisgeachan domhain na h-aibhne mòire, troimh dhùthaich chòmhnard. Bithidh uairean aig na creidhmhich anns am bidh iad air an lionadh cho mòr a' beachdachadh air an sonas féin, agus air iomlanachd buadhan glòrmhor Iehobhah, agus air glòir an Slànuighir, agus gu bi aoibhneas do-labhairt aca. Tha an smuaintean cho àrd thar cainnt, agus gu bheil iad balbh le

## Ròs O Sharon

aoibhneas, agus uaimhinn aig a' mhòrachd a tha fa chomhair an inntinn; agus am beul dùinte, beachd smuainteachadh le gàirdeachas. Tha aoibhneas a' chreidmhich sin na 's doimhne, agus na 's buaine na aoibhneas a' chreidmhich eu domhain; nach 'eil aighear 'na bhròn. Nach i so an fhior-dhiadhachd a tha mar shruth fìor-ghlan agus neo-shalach? Ciod i ach meur "de dh'abhainn fìor-ghlan de uisge na beatha, soilleir mar christal, a' teachd á rìgh chaithir Dhé agus an Uain." Tha na sòlasan so a' naomhachadh an anama; agus tha iomhaigh Dhé a' dealradh ann. Agus mar tha iomhaigh na gréine anns an t-sruth shoilleir, tha sòlasan na diadhachd anns an anam, a tha air a ghlanadh o ghràinealachd a' pheacaidh agus na feòla, agus a tha feitheamh gu foisdinneach ri guth caol ciùin an t-soisgeil.

4. Suidhidh e le aoibhneas fuidh sgàile Chrìosd, 'n uair a tha e mi-thoileach air a dhol air ais a dh' ionnsuidh an t-saoghail, agus their e mar a thuirt Peadar, "Is maith dhuinne bhì an so." 'N uair chaidh Maois gu mullach Phìsgah, agus a fhuair e sealladh air tìr a' gheallaidh, feudaidh sinn a chreidsinn nach d' fhairich e an ùine fada ann an sin. Ach bu shòlasaiche gu mòr na so an suidheachadh anns an robh na deisciobuil, 'n

## Ròs O Sharon

uair bha iad air beinn a' chruth-atharrachaidh maille ris an t-Slànuighear, agus a chunnaic iad a ghlòir, agus fhuair iad plathadh agus roimh-bhlasad de na flaitheas. Bha 'n sealladh cho glòrmhor, agus sòlasach, agus gu 'n d' thubhairt aon de na deisciobuil ris an Tighearna, "A Mhaighstir, is maith dhuinne bhi an so." Bha iad toileach air fantuinn air an t-sliabh, agus trì pàilliunna a dheanamh, "aon do Chrìosd, aon do Mhaois, agus aon do Elias." Ma lion roimh-bhlasad de na flaitheas an t-Abstol le aoibhneas do-labhairt, co a ghabhas a steach an sonas a tha ann an sìorruidheachd 's an ionad sin? Ma bhlais sinn air fion-dhearcan Ghlinn Escoil, agus air bainne 's mil Chanàain, cha bhi iartas againn an déidh phoit-fheòla na h-Eiphit.

Co-dhùnaidh mi le bhi a' toirt fainear o 'n teagasg so:—

1. Gu bheil am fìor-chreideach agus an cealgair cho eadar-dhealaichte is a tha an lili agus an droigheann. Tha céile Chrìosd am measg nan nighean mar tha an lili am measg an droighnich. Cha 'n abair e "Mo ghràdh" ri aon de na nigheanan, ach na tha mar na lilidhean—bitheadh iad 'n an luchd-aideachaidh no nan luchd-àicheadh. Ach a nis, mo chàirdean, an lilidhean no an

## Ròs O Sharon

droigheann sibhse? Cuiribh a' cheist ri bhur cridheachan féin. Ciod e an Spiorad aig a bheil buaidh oirbh? Ciod iad briathra bhur beóil agus gnìomhara bhur beatha? Tha daonnachd naomh Chrìosd mar an ròs agus an lili. Tha a Spiorad a' deanamh a shluagh uile cosmhuil ris féin. Is e naomhachd crìoch nan uile mheadhon; agus ma tha sibhse toileach a' bhi beò gun a bhi leantuinn naomhachd 'na 'ur cridhe 's 'na 'ur caithe-beatha is dìomhain bhur diadhachd. Feudaidh sibh, sibh féin a mhealladh, ach cha dean sibh Dia a mhealladh. Cia uamhasach diadhachd na muinntir sin a tha a' cur ri aingidheachd beatha pheacach, cionta a' chealgair gun ghràs, a tha toilichte le diadhachd gun Chrìosd. Gabhaidh iad aran agus fion, agus mar am pàpanach truagh their iad ri sin an Dia. Nì iad so, ach cha smuainich iad air-san fad na bliadhna gus an ath-ordugh. Gu gabhadh Dia truas ris a' mhuinntir sin, a tha a' deanamh an Dia de na sàmhlaidhean.

2. O na bhriathraibh so tha sinn a' fòghlum, do bhrìgh lànachd a ghràis, agus iomlanachd a dhiadhachd, cho comasach is a tha Chrìosd air a shluagh a' thearnadh gu h-iomlan. Tha a dhaonnachd naomh mar an lili agus an ròs; tha a cheann—no a dhiadhachd—mar an t-ór; tha

## Ròs O Sharon

de a thrusgan—a dhaonnachd—fàile an àlois, mhirr 's chasia; agus tha a rìgh-chaithir, do bhrìgh is gur Mac Dhé e, gu saoghal nan saoghal. Ma tha sinn lag-chridheach, le eas-creidimh agus le peacadh agus droch-fhairichean, tha ainm-san mar oladh ungaidh air a dòrtadh; agus a bharrachd air a sin tha e air a shamhlachadh ri flùraichean deagh-fhàile, agus mar sin tha e uile-chomasach gu bhì 'g ath-bheothachadh, agus ag ùrachadh ar cridheachan. A bheil thu ann an teagamh mu 'chumhachd, do bhrìgh gu robh e bochd? Cuimhnich gu robh sgàile air a ghlòir. Am fac thu dubhar no neul air a' ghréin? Dh' irioslaich-se e féin agus rinneadh e 'na dhuine, ach dh' àrdaich e an duine, agus tha Crìosd 'na Dhia agus 'na dhuine, ann an aon phearsa gu sìorruidh. Am peacach thu? Am peacach mòr thu? A bheil do thruaillidheachd mòr agus gràineil, smuainich air a' phearsa ghloirmhoir so, agus earb d' anam ris? “Tha gach aon nì comasach do neach a chreideas.” Tha E ag ràdh riut anns an t-soisgeul, “A bheil thu creidsinn gur comasach mise so a dheanamh?” mar a thubhairt E roimh ris an duine dhall. Creid annsan, oir aige-san tha uile chumhachd air nèamh agus air talamh; agus ma chreideas, feudaidh thu da-rìreadh suidhe sìos fo

## Ròs O Sharon

sgàile le mòr aoibhneas ; agus bithidh a thoradh milis do d' bhlas. Amhairc ri craobh na beatha ; creid, agus bi air do leighis.

3. A bhi co-dhùineadh. Ma tha blas de chraoibh na beatha, air thalamh, cho taitneach— agus uiread de shochairan priseil a' sruthadh uaithe ; agus ma tha ar n-anam, 'n uair a shuidheas sinn fo sgàile, ach tamul beag, air an ùrachadh cho mòr, ciod e an sonas neo-chrìochnach tha anns an ionad sin, far a bheil E ri fhaicinn, gun neul agus gun sgàile air a ghlòir? Is e gnothach, agus crìoch mhòr òrduighean an t-Soisgeil, 'ur n-ullachadh air son sòlasan na sìorruidheachd. Thoir o 'aoradh air thalamh gach neo-iomlanachd a tha comh-cheangailte ris, agus bithidh tomhas de ghlòir na flaitheas agad. Chi thu ann an sin Craobh na Beatha ; agus suidhidh tu fo a sgàile gu saoghal nan saoghal. Chi thu E mar a tha E. Cha ghearain thu na's mo air buairidhean an nàmhaid, buairidhean an droch chridhe, no air buairidhean saoghal aingidh. Tha lànachd aoibhneis 'na làthair-sa ; tha mòr shubhachas aig a dheas-laimh-sa gu sìorruidh. Còmhnach, air an aobhar sin, le aoibhneas fo a sgàile. Beachd-smuainich air maise spioradail, agus òirdheirceas neo-chrìochnach d' Fhear Nuadh Pòsda ann an

## Ròs O Sharon

glòir. Tréig d' iodhalan; agus cuir cùl ris an t-saoghal, oir tha thu air do ghairm gus a' bheinn. Gabh suas gu beinn nan òrdugh. Suidh fo sgàile fionnar Craobh na Beatha. Ith de a toradh. Tha e milis do 'n bhlas. Ith, is mair beò gu siorruidh. Gu beannaicheadh Dia 'fhocal.—  
AMEN.



## URNUIGH

“Deanaibh urnuigh gun sgar.”—1 TESALONIANACH v. 17.

'NUAIR a dh' amhairceas sinn ri ar suidheachadh a thaobh nithean spioradail agus aimsireil, tha na h-uile aobhar againn urnuigh a dheanamh. Cha 'n 'eil annainn ach creutairean lag agus anmhann, buailteach do thrioblaidean agus chunnartan. Ann an seadh spioradail tha sinn gun chomas, buailteach do ana-miannaibh piantail, agus buaireas o nach 'eil sinn comasach air sinn féin a shaoradh. Mar sin tha mòr aobhar againn gu'n togamaid ar suilean ri Bith as àirde. 'Nuair a dhìobras gach tearmunn sinn, faodaidh sinn amharc ris na beanntaibh siorruidh o'n tig ar neart. Is e tha 'n urnuigh briathran an anama ri Dia, agus anail a' chreutair nuaidh. Is i an dòigh bheannaichte chum co-chomunn a chumail ri nèimh, agus a' cladhan troimh an tig thugainn gach uile bheannachd. Tha 'n creideamh criosdail a' teagasg dhuinn ar n-uile iarrtasan a dheanamh

# Urnuigh

aithnichte do Dhia, agus is e beannachdan spioradail a bhuinneadh dhuinn iarraidh gu sonraichte, agus os cionn gach uile ni. Tha ar Fear-teagaisg nèamhaidh 'g ar comhairleachadh ar n-aran làthail iarraidh mar a ceudna. 'S e ar cuid amharc agus guidhe air son beannachdan àimsireil, spioradail, agus siorruidh; agus do bhrìgh gu 'm faod dàil a bhi air a' chur 'san fhreagradh, bu choir dhuinn a bhi deanamh urnuigh gun sgar. Ann a bhi 'labhairt na's fhaide o 'n cheann teagaisg so roi-mhìnichidh sinn:—

I. Ann an seadh farsuinn air an dleasnas luachmhor, agus taitneach, agus cudthromach so.

II. An dòigh 'sam bu chòir dhuinn urnuigh a dheanamh.

III. Nochdaidh sinn buannachd agus éifeachd urnuigh.

IV. Na h-aobharan a bu chòir ar brosnachadh a dheanamh urnuigh. Agus 'san àite mu dheireadh teagasgan cuidichidh o 'n earrann.

I. 'S e tha 'n urnuigh càinnt an anama ri Dia. Tha esan a' labhairt rinn 'na fhocal, agus tha sinne labhairt ris-esan, tre chreidimh, an urnuigh. 'San t-Seann Tiomnadh bha cathair-thròcair ann—Ecsodus xxv. 22. Aireamh vii. 89, o'n do

## Urnuigh

fhreagair Dia a shluagh. Agus b' e so samhlachas nam beannachdan spioradail air a bheil sinne an seilbh fo 'n t-soisgel. Bha 'n Airc agus Cathair na Tròcair a' foillseachadh a' Mhessianh mhòir, anns a bheil uile rioghachdan na talmhainn air am beannachadh, agus troimh a bheil sùil againn ri uile bheannachdan spioradail, agus freagradh ar n-urnuighean. Bha 'n Airc air a' deanamh de fhiodh Sitim, ro-choltach gu'm b' e so am fiodh cedar a b' fhallaine, air neadh fiodh nach grodadh, agus air a còmhdach le òr fìor-ghlan, a stigh agus a muigh. Agus dh' fhaodadh so a bhì nochdadh dà nadur Chrìosd—a dhiadhachd agus a dhaonnachd. B' òr fìorghlan cathair na tròcair a bha air uachdar na h-Airce. Chòmhdach e an Airc 'san robh Clàir an lagha. Bha urram neo-chrìochnach air a bhairigeadh air uile ghnìomh-airibh an Fhirshaoraidh le 'dhiadhachd. Bha lagh Dhè na chridhe agus choimhlion e an lagh agus ghiulain e 'na chorp mallachd brisidh an lagha. Mar a chòmhdach cathair na tròcair an Airc 'san robh an lagh, air a mhodh cheudna 'se Crìosd ar rèite. Cha robh e laghail amharc a stigh 'san Airc, agus air son an gnìomh mi-laghail dh' fhuiling daoine Bhet-semeis gu geùr. Air a mhodh cheudna, ma tha sùil agad ri fireantachd

## Urnuigh

o 'n lagh, cha 'n fhaigh thu ach diteadh. Is e Criosd cathair na tròcair, a chòmhdhaicheadh, agus a dh' fhèumas ar follach o dhioghaltas, agus o cheartas Dhè. Is ann o chathair na tròcair a gheall Dia labhairt ri Maois agus ri cloinn Israel. Mar a ghabh Dia comhnuidh 'san neul eadar na Ceruban—Lebhiticus xvi. 2—ris an abair na h-Ollaimh Eabhrach, Secinah, tha E ann an Criosd; oir bha 'm Focal air a dheanamh 'na fheòil agus ghabh uile lànachd Dhè comhnuidh ann gu corporra. Air an aobhar sin, is annsan agus troimh-san, tha sùil againn ri freagradh urnuighean. A' Secinah—lathaireachd na diadhachd—a ghabh comhnuidh roimh 'san nèul agus air cathair na tròcair, agus a fhreagair urnuigh, tha e nise comhnachadh ann an Criosd, ionnus, ma dh' iarras sinn teachd fagus ri Diadhachd, feumaidh sinn tarraim dlùth tre nadur daonnachd an Fhir-shaoraidh. Agus ged nach b' urrainn an t-Ard-Shagart daonnan teachd a dh' ionnsuidh an ionaid naoimh—Lebhiticus xvi. 2—gidheadh, beannaichte gu robh Dia, gu bheil an t-slighe gus ar n-ionad as ro-Naomh 'nise fosgailte, agus tha comas teachd fagus againn daonnan, do bhrìgh, gu bheil ar Ard-Shagart Mòr aig deas làimh Dhè, a' deanamh eadar ghuidhe air ar son,

## Urnuigh

agus 'gar misneachaidh gu bhì ag urnuigh gun sgur.

II. An dòigh 'sam bu chòir dhuinn urnuigh a dheanamh. Tha na sgrìobtuirean ag ràdh gur e an Tì e 'bheir dùais do'n dream a dh' iarras e gu dìchiollach. 'S ann tre urnuigh tha sinn 'ga iarraidh, agus tha sinn a' faotainn a' chabhair spioradail tha na taic d' ar crìdheachan an là an dearbhaidh. Chum sinn a bhì air ar cur an sealbh air ar n-iarrtasan, tha e fèumail dhuinn na gràsan sin altrum a dh' uidheamaicheas sinn, gu gabhail nam beannachdan spioradail. Feumaidh sinn, urnuigh a dheanamh.

I. LE CREIDEAMH. Theid an gràs so, mar shoitheach falamh, gun sgur a dh' fhaotainn uisg' á tobair na slàinte. Tha'n soisgeul ag iarraidh oirnn creidsinn, agus tha so uairean na dhleasnas soirbh. Tha e soirbh do'n t-sùil gun èucail, air là soilleir, beachdachadh gun phrìobadh agus deagh shealladh fhaotainn dhe cuspair fad as. Ach air oidhche dhòrch, no ma tha nì 'sa' rathad air an t-sùil, cha 'n fhaicear an cuspair. Tha e air a thoirt dhuinn, mar àithne, an soisgeul a chreidsinn. 'Nuair a dhealbhas Dia creideamh tha so furas. Ach an uair tha dorchadas air an inntinn, agus an t-eas-creideamh 'sa' chridhe, tha e doirbh. Tha

## Urnuigh

sinn a' leughadh mu dheagh chomhrag a' chreidimh, agus tha so a' nochdadh dhuinn, gu bheil e uairean duilich creidsinn. Tha so a' tachart a thaobh nithean tiomail agus spioradail. Is cinnteach gu'n robh e doirbh do Abraham, agus Rachel, agus Hanna, creidsinn gu'm bitheadh teaghlach aca. Agus a thaobh nithean spioradail is cinnteach gu'n robh e doirbh do Mharta creidsinn gu'n togadh Criosd a brathair Lasarus. Tha e coltach, nach robh e ro shoirbh do Eseciel a chreidsinn, gu'n togadh Dia na cnàimhean tioram. Agus fad nan ochd ceud deug bliadhna a dh' fhalbh, cha robh e, daonnan, na ni furas do'n Eaglais Chriosduidh creidsinn 'san ni ionmholtas sin, ath-thional nan Iudhach, agus iomlaineachd nan cinneach, a steach. Ach, a thighinn na's faisge, tha h-uile Criosduidh f'a leth gu bhi creidsinn ann an Criosd. 'Se sin, a bhi a' cur muinighin ann gu'n sgrios e peacadh agus uime sin gu'n saor e 'anam. 'Nuair nach 'eil aighean air bhoil, agus tha sèimheachd nèamhaidh an taobh a stigh dheth, gheibh e an dleasnas so furas gu leòir. Ach an uair a dh' atharraicheas a' chùis, agus tha ana-miannan air ghoil, agus peacadh 'ga thoirt am braighdeanas, bithidh fònn eil' aige, oir 'se bhitheas e ag ràdh, "Och is duine truagh mi!

## Urnuigh

co a shaoras mi o chorp a' bhàis so." Is dleasnas duilich da rìreadh a bhi creidsinn an t-iarrrtas sin an urnuigh an Tighearna—"Tabhair dhuinn an diugh ar n-aran lathail." Bithidh d' aran air a thoirt dhuit, agus d' uisge cìnnteach, is gealladh fìor so, agus is furas an ni e do 'n duine bheartach a chreidsinn, ach tha e duilich do 'n duine bhoichd aig amaibh earbsa ri Dia air son arain lathail. Dearbhaidh na buairidhean so cho onarach, agus neo-chealgach 's a tha ar creideamh. Ma dh' earbas sinn á Dia 'nuair tha'r cùis cruaidh, tha sinn a' cur spèis air 'fhocal, dhilseachd, agus fhìreantachd.

2. Tha sinn gu bhi ag ùrnuigh le IRIOSLACHD. 'Se 'n gràs maiseach so dlùth-chompanach creidimh, agus is ionmhiannaichte e do 'n fhear-aslachaidh aig cathair nan gràs, fiosrach air a pheachdaidhean, agus 'fhailingean, agus a laigsean. 'Nuair a tha sinn a' guidhe tròcair, cha 'n urrainn dhuinn ar toillteannas a thagar, agus, uime sin, feùmaidh ar sùil a bhi air Sàor-ghràs a mhàin. Tha Iob, agus Isaiah, agus Poll ro-chomharraichte air son an irioslachd. Ged is naoimh iad de 'n inbhe as àirde, chi sinn iad iosal 's an duslach agus na's lugha na neoni, 'nuair tha iad 'gan taisbineadh fhéin an lathair mòrachd na Flathanais. 'S ann

## Urnuigh

an irioslachd dh' fheumas sinn gabhail ri tròcair ; 'se suidheachadh a bhuinneas dhuinn. Mar Israel 'san fhàsach, feumaidh sinn ar briaghachd a chur dhinn, chum agus gu'm bith fios aige, ciod a ni e ruinn. Feumaidh sinn ar dosachd mi-nadurra a chur bhuainn, agus ar mòr-chuis cuideachd, agus ar nochdadh féin 'na shealladh 'nar mi-dhreach agus 'nar trùaighe nàdurra, chum agus gu'm faigh sinn tròcair mar thruaghain agus dhilleachdain. Gun an sealladh so a bhi againn oirnn féin, cha 'n urrainn dhuinn sin féin irioslachadh 'san duslach, agus gus an irioslaich sinn sin féin, cha 'n 'eil e reusanta gu'n ruig leas sùil a bhi againn ri freagradh. 'Tha Dia a' cur an aghaidh nan uaibhreach—agus 'se sin cliù gach peacach—ach a' toirt gràis dhaibh-san a ta iriosal. Ma tha gliocas coitchionn air fhaotainn 'nar n-achanaich, 'se gràs cuspair mòr ar n-iarrtais. A nis cha 'n urrainn dhuinn sin fhaotainn gus a bheil sinn an suidheachadh ceart chum a ghabhail. Tha sinn 'nar creutairean neo-fhreagarrach glé thric. Ni sinn urnuigh air son gràis, ach tha sinn mi-thoileach cùl a chur ri ar peacanna, agus a thighinn a nuas cho iosal ri 'bhi faotainn freagradh, mar an leanabh nach lùbadh a ghlùn fa chomhair na Ban-Rìgh, aig iartras an Rìgh, do bhrìgh agus



## Urnuigh

gu robh còta ùr air; tha sinne mi-dheonach dealachadh ri 'r n-iodhalan, agus aideachadh nach 'eil 'nar dleasnasan eadhon ach na luideagan 'na shealladh.

3. Tha sinn gu bhi ag urnuigh le GRÀDH. Tha Dia a' tarruinn a shluaigh le cordaibh gràidh, agus tha so 'gan cumail ri dleasnas, ged tha 'n dàil fada. Dh' éignicheadh féin-ghràidh sinn, mar th-ionnsgnadh 'san t-saoghal nàdurra, gu teicheadh o Ghrian na Fireantachd, a dh' iarraidh sonas 's na creutairibh. Ach tha gràdh diadhaidh 'gar dlùth-tharruinn gu tobair aoibhneis agus soluis, chum agus gu'm bidh sinn air ar n-ùrachadh, agus air ar soillseachadh, le 'ghathan aoibhinn. Cha thogradh dàll an gràdh so, ni mo, is àrd-thoil-eachadh gun seadh e. Is e, dèigh reusanta, agus ghlàn, agus neamhaidh, air am Bhith as àirde tha'nn. Tha e fìor nach 'eil am faireachadh so daonnan aig sluagh an Tighearn 'nan anam. Tha 'm buairidhean a' toirt ionnsuidh orra, agus tha am miann mi-rianail féin gu tric a' briseadh an sith. Tha so a' cur bacadh air gràdh Dhè, agus a' deanamh an anama mi-shona. Ach tha cheart mi-fhoisealachd so a' dearbhadh dhaibh, gu bu ghràdh fìorghlan, agus treidhireach an gràdh-sa. Tha leabhar nan Salm ag aithris gu mineatach

## Urnuigh

faireachduinn an anama ghràsmhoir a' ploscart-  
aich an déidh Dhè ar chàll. Agus mur 'eil iad a'  
fàs an co-fhurtachd, agus an aoibhneas, tha iad  
co dhiù a' fàs an irioslachd agus an umhlachd  
agus an féin-aicheadh; agus tha iad so nan toradh  
air gràdh Dhè cho fìor ri faireachduinn sòlasach  
na lasair néimhidh sin. A nis 'san urnuigh tha  
sinn gu bhì ag oidheirpeachadh co-dhiù, ar n-  
anama a thogail gus an ghràdh so. Faodaidh  
a bhuanan foirfe, agus ion-ghràdhach, ar cridh-  
eachan a thàladh. Is gràdh Dia. Is toigh leis  
tròcair; cha 'n 'eil tlachd aige ann am bàs an  
aingidh; tha e 'deanamh maith agus tha 'thròcair  
chaomh thar uile ghnìomharaibh; is E fear  
éisdeachd urnuigh, agus ma dh' iarras neach  
gliocas, bheir E do gach neach gu pailt, agus cha  
dean E maoidheamh. A nise bu chòir dh'an  
smuain, gu'n toir Dia dhuinn a' ni a dh' iarras  
sinn, ma tha sinn a' creidsinn, ar gràdh a tharruinn  
air dhòigh iongantach. Ma chluinneas sinn mu  
dhuine maith a tha làn caoimhneis, agus ùllamh  
gu 'chaoimhneas a bhuilleachadh air gach neach  
a thagras air son cuideachaidh, tha so 'gar misn-  
eachadh gu iarraidh uaithe. Tha 'chliù toirt oirnn  
a ghradhachadh, agus tha am muinighin tha  
sinn a' cur ann a' cosnadh a chridhe bàigheil gu

## Urnuigh

tuilidh agus tuilidh a dheanamh air ar son. Cuireamaid bhuainn ar teaganna, agus deanamaid urnuigh le gràdh.

4. Tha sinn gu bhi ag urnuigh le FAIRE. Ged tha amannan, agus àitean, sonraichte aig a' Chrìosduidh gu bhi ag aoradh, cha 'n 'eil e air a cheangal sìos ri àm no àite. Tha e gu bhi togail suas a lamhan naomha anns gach àite gun chorruih agus gun theagamb. 'Se 'n crìdhe ionad dealbh na h-urnuigh, agus mar sin, tha 'n Crìosduidh a' coisrigeadh a chrìdhe do Dhia an t-eas-meadhon obair shaoghalta. Tha e air a ràdh mu na' priamh-athraichean gu'n do ghluais iad maille ri Dia, agus air an aobhar sin gu'n robh gach àite 'na ionad dùinte, coisrigte, dhaibh. Tha daoine maith ag aoradh an teampull mhòir an domhain, agus air an aobhar sin, tha iad air am faichill an aghaidh teannaidh gach aon pheacaidh. Feumaidh sinn a bhi air ar faire air gluasadan agus gnìomhara ar crìdheachan féin, chum agus gu'm bidh iad air an gleidheadh saor o pheacadh. Mur 'eil iad air an dìon, tha sinn am mòr chunnart peacachadh 'sa chràbhadh as ro-shòlaimte, mar 's na suidhichean beatha as dripeile. Chuala mi mu dhuine ann an cleachdadh aoraidh a leig le shùilean a dhol air seachran gus an do thuit e

## Urnuigh

ann a' gaol air òighe. 'Na dhéidh sin phòs e i, ach dhearbh i bhì na crann-ceusaidh dha. Agus ged dh' fhaodadh e bhith 'na dhuine maith, gidheadh, cheudaich Dia a' nì so tachart, chum, faodaidh e bhith, gu pheanasachadh air son a chin-faire 'na dhleasnas. Ma leigeas sinn le ar cridheachan ruith an déidh cuspairean saoghalta, an àm urnuigh, faodaidh Dia bhì air a bhrosnachadh cuspairean ar n-ana-mianna thoirt dhuinn, agus caoile a chur a dh' ionnsuidh ar n-anama. Fhuair na h-Israelich na gearra-ghoirtean, ach cha b' fhada gus an d' fhàs iad sgìth dhiubh; agus faodaidh so tachart dhuinne ma shuidhicheas sinn ar cridheachan air cuspairean neo-tharbhach. Agus mar so is éigin dhuinn faire a dheanamh thairis air ar conaltradh, agus air ar caithe-beatha. Is minic a mhill comhradh faoin, agus luaineach, àoradh a' Chrìosduidh. Bu chòir dhuinn faire a chur air ar teangana, oir tha ar Tighearn ag ràdh ruinn gu feum sluagh cunntas a thoirt air gach cainnt fhaoin aig là a' bhreitheanais. Ann a' lionmhoireachd briathar tha tric peacadh. Agus mar is éigin dhuinn faire a chur air ar cridheachan agus air ar teangana, feumaidh sinn mar an ceudna faire a chur air ar caithe-beatha, chum agus nach dean sinn ar n-àoradh neo-bhrìgheil agus ar n-urnuighean

## Urnuigh

neo-éifeachdach. Ma thuiteas baraille de 'n deoch as treise, air an talamh, air neo ma thuiteas an deoch 'san abhainn agus a ghiulainear leis an t-sruth i, tha i càillte. Is co-ionnan d'ar n-urnuighean, mur a cuir sinn faire air ar cridheachan agus air ar caithe-beatha. Thighearna, bi 'na t-urras chum ar maith, agus gabh sinn a steach fo do dhidean!

5. Tha sinn gu bhi ag urnuigh le LIOSDACHD agus buannachd. Tha Criosd luachmhor; tha creideamh luachmhor; tha gràs luachmhor, agus ma tha sinn liosdach agus a' buannachadh 'n ar iarrtasan, tha so a' foillseachadh gu bheil sinn a' cur a' luach a bu chòir dhuinn air Criosd agus a ghràs. Tha cuid a' nochdadh ceangal ri creideamh, ach an uair nach 'eil iad a' faotainn an sasachadh sin ann ris an robh sùil aca, pillidh iad air an ais ri an ana-miannaibh. Cha 'n 'eil am manna 'gan sàsachadh, agus à rithisd theid iad air ais gu potaibh feola na h-Eiphit. Cha cheannsaich aon bhuaidh am peacadh. Ghabh a fhreumh bun cho domhain 'nar nàdur agus gu feum sinn iomadh cath a chur, mu 's bidh e air a spionadh gu h-iomlan á bun. An déidh ar n-oidheirpean uile chi sinn gu bheil an Canaanach fathast san tìr. Ged dh' fhaodas claidheamh an Tighearn'

## Urnuigh

agus Ghideoin teicheadh a chur air armailte nan coimheach, tha am feachd a dh' fhanas gu leòir gu'r n-anam a chur fo thuirse. Ach feumaidh sinn ar cothroman a chur gu buil mhaith, ged a bhitheamaid fànn, agus ar cuideachadh air son so, feumaidh e a bhidh, o na beanntaibh siorruidh. Champaich Israel iomadh uair 'san fhàsach, agus na d' fhan iad aig an àite campaichidh mu dheireadh, cha deach iad thar Iordan, agus cha do ghabh iad seilbh air a' chrìomag a b' fhearr de thìr a' gheallaidh. Bha Sion 'na samhlauchas air nèamh. Dh' fheumadh na h-Israelich an nochdadh féin trì uairean 'sa bhliadhna aig na féilltean sòlaimnte an Ierusalem. Tha Salmadair anns a' cheithir fichead Salm 'sa ceithir ag radh gu'n deach cuid dhiubh troimh ghleann Baca, a tha mòran mhuinntir fhoghlumte a' cumail a mach, a tha eadar beanntan Lebanoin tuath air Iudea. Ma's fìor so, bha aca a dhol air turus fada, agus air an aobhar sin chaidh iad o neart gu neart, agus o aon àite ùrachaidh gu àite ùrachaidh eile. Ach cha 'n fhaodadh iad stad, oir bha Dia nan Dia gu bhì air fhaicinn an Sion, agus bha iadsan gu bhì air an nochdadh 'na lathair. Cha 'n fhaod sinn air an aobhar sin stad, oir ma fhuair sinn blasad air sòlasan creidimh, thig oirnn a dhol air adhart air

## Urnuigh

ar turus. Tha na sòlasan sin air an rùnachadh chum ar n-ath-bheothachadh air ar slighe 'sa bheatha so gus an ruig sinn fadheòidh an Ierusalem nèimhidh. Gus an tachair so, tha sinn a' seasamh ann an feum air gràs chum ar giulan air aghaidh, agus cumaidh so sinn daonnan ag urnuigh gus an uair 'san glac sinn crùn na beatha. Mar a bhitheas sinn a' dlùthachadh air a' bhaile naomh, bithidh creideamh a' toirt dhuinn plathadh dheth an drasd agus a rithisd; agus tha so 'gar misneachadh gu dhol air adhart air an t-slighe. Is e crìoch na h-urnuigh an t-anam a naomhachadh, agus ar toirt air ais gu iomhaigh Dhè. Feumaidh sinn air an aobhar sin a bhi dìchiollach le 'r cothrom chum agus nach caill sinn ar saothar, ach gu faigh sinn ar tuarasdail iomlan. Ma tha miann againn air naomhachd cha 'n urrainn dhuinn stad. Ma bhlas sinn air bagaidean Escoil geuraichidh so ar càil gu tuilleadh, agus misnichidh e sinn gu dhol an àird agus an tìr a shealbhachadh. Tha 'n t-eadar-dheallachadh so eadar an Canaan talmhaidh agus an Canaan nèimhidh. Anns a' Chanaan thalmhaidh chuir Israel mòran chathan, ach tha againn ris gach cath a chur air an taobh-sa de Jordan. Do bhrìgh agus gu bheil so fìor, cha ruig leas sùil a bhi againn ri fois fhada o 'n namhaid.

# Urnuigh

Bheir e cath dhuinn an so do bhrìgh agus gu bheil fhios aige, 'nuair a ruigeas sinn iomall crìche an Canaan nèimhidh, gu bheil sinn aig an àm sin aig ar suaimhneas siorruidh. Gus an tachair so, tha sinn a' seasamh am feum air urnuigh. Feumaidh sinn air an aobhar sin buannachadh le liosdachd, agus urnuigh a dheanamh gun sgar.

III. 1. Tha mi 'nise dol gus an treas puing a bha 'na mo bheachd—buannachd agus éifeachd urnuigh. Tha 'n Criosduidh cosmhuil ris a' cheannaiche a ni malairt le iomadh long. Tha sinn gu bhì 'deanamh urnuigh leis gach uile ghne urnuigh agus asluchuidh. Mar is mò a bhitheas sinn air ar cleachdadh an urnuigh, agus a bhitheas sinn air ar gnathachadh 'sa mhalairt nèimhidh sin, 's ann as mò a mheudaicheas ar saoibhreas spioradail. Agus ged a bhitheas sinn uairean dhe 'n bheachd gu bheil ar n-urnuighean air an di-chuimhneachadh, mur 'eil iad air chàll, pillar iad d' ar n-ionnsuidh fadheòidh luchdaichte le 'riadh. 'Se 'n Criosduidh tha ri urnuigh, an Criosduidh tha fàs, agus tha 'n t-aobhar soilleir. Tha 'urnuigh 'fosgladh geataichean Pharaìs, agus a' toirt a nuas na beannachdan air 'anam. Le urnuigh tha peacadh air a chlaoidh, agus gach suibhile agus gràs air altrum agus air a ghràdh-



# Urnuigh

achadh. Tha urnuigh coltach ris a' ghanmhaich shligeach. Gearraidh i às a' fraoch agus a' fèur fiadhaich agus bheir i air an fhèur mhilis agus an neoinean fàs. 'Nuair tha i air a sgaoileadh air an talamh, giulainidh e bàr tròm fad iomadh bliadhna. Ach a chum gu bidh i chum maith feumar a sgaoileadh air an talamh, agus a chum gu'm bidh an urnuigh éifeachdach feumaidh i a dhol a steach 'sa chridhe, agus feumaidh sinn a bhi ann an spiorad na fìor dhiadhachd. 'S e an urnuigh a' mheadhon mhòr chum am peacadh a chlaoidh. Tha 'n Criosduidh a' cluinntinn a dhleasnas agus cunnart a' pheacaidh am focal Dhè. Tha so 'ga chur an aghaidh a' pheacaidh, agus 'ga chur ri stri 'na aghaidh le uile chumhachd. Is iomadh stri a ni e, ach tha iad uile neo-éifeachdach oir bithidh e fiosrach air gu bheil am peacadh ro-làidir air son a dhleasnas cràbhach, agus uil' oidhirpean féin. Feumaidh e amharc na 's àirde agus air an aobhar sin théid e le uallach gu' fhàgail aig bonn a' chruinne-cheusaidh. Tha e air iarraidh air amharc ris an t-Slanuighear; tha e 'deanamh so agus a' faotainn furtachd. Tha 'n sealladh a' leaghadh a chridhe ionnas gu bheil e fuathachadh a' pheacaidh. A ni a dh' oidhirpich a dhleasnasan, agus inntinn, agus a bhòidean ach gu 'n

## Urnuigh

thairbh, tha e 'nise air a choithlìonadh dha. Fhuair e neart an aghaidh peacaidh, tha e faotainn beatha 'san dleasnas, agus tha e gu sùntach, agus gu cridheil a' deanamh umhlachd. Tha e 'faotainn o Chrìosd, agus Uaithe-san a mhàin, a ni nach faigheadh e ann fein—neart an aghaidh gach uile pheacaidh. Faodaidh esan a radh mu mheadh-onan, agus mu dhleasnasan mar a thubhairt a' duine 'san t-soisgeul, 'nuair a labhair e mu leanabh—Thug mi e dh' ionnsuidh do dheisciobuil, agus cha b' urrainn iad a leigheas. Tha 'n Slànuighear 'ga leigheas gu h-iomlan air ball. 'S e Slànuighear cul taic na h-urnuigh, agus tha esan a' lagachadh, agus mu-dheireadh, a' sgrios a' pheacaidh gu buileach. Agus a thaobh deagh-bheus agus gràs tha bhuidh mar buaidh a' bhraoin mhìn. Tha esan a' dùsgadh, agus tha analachaidh an Spioraid ag ùrachadh agus a beothachadh deagh-bheusan. Faodaidh an Crìosduidh, mar Peadar aig àm àraidh, a bhi aig iomramh fad oidhche le ràmh na h-oidheirp gun chomhnadh, ach aig briseadh na faire, thig a Shlànuighear, agus tha sheol làn. Cosmhuil ris a' mhanna timchioll a' chaimp, tha buaidh an Spioraid. 'Se dleasnas urnuigh a thional. Mar na h-Israelich roimhe, tha moran naimhdean aig a' Chrìosduidh, agus ma théid e

## Urnuigh

'nan aghaidh mar a rinn iadsan 'nuair nach 'eil an Tighearn leis, geillidh e, agus bithidh e air a rùag. Dh'aindeoin 'de shaolas neach eile de urnuigh tha i toirt air-san a shùil a bhi ri Cathair nan gràs. Aig gach brais-thachartas chaidh cloinn Israel a dh' ionnsuidh a' phailliunn, agus dh' amhairc iad ris a' neul, agus mar so dh' fheumas sinn cinneachadh mar Chriosduidhean.

2. Cha 'n 'eil ni sam bith air aicheadh air urnuigh dhùrachdach agus chreidmheach. Tha 'sgriobtur ann an iomadh àite a' dearbhadh so. Rinn Abraham urnuigh air son ni mi-choltach; chried e, agus fhuair e 'iarrtas agus sonas a chreidimh. Ghleac Iacob ri aingeal, ghuil e agus dh' asluich e agus choisinn e a phuing, oir bha cumhachd aige mar uachdaran ri Dia agus ri daoinibh. Dhùin, agus dh' fhosgail, Eliah uineagan nèimh; ni bu trice na aon uair thionndaidh Maois air falbh o 'n t-sluagh, breitheanas, a chaidh a bhagradh. Tha sinn a' leughadh 's na sgrìobtuiribh mu thimchioll cuid a fhuair an iarrtas ged bha Dia mar gu'm bitheadh e 'g an cur uaithe, agus 'ga nochdadh féin, mar gu'm bitheadh e, 'g an aicheadh. Thachair so do na h-Israelich fo Mhaois—Ecsodus xxxiii.—agus fo na Breitheamhnan—Breitheamhnan x.—agus do 'n Bhan-

## Urnuigh

Chanaanach agus cuid eile. 'Nuair a dh' irioslaich Iehosaphat agus a shluagh iad fein an lathair Dhè, fhuair e freagradh iongantach do dh' urnuigh, agus fhuair e buaidh iomlan thairis air a naimhdean gun chogadh a dheanamh. An àm leanabachd na h-Eaglais' fhuair am feachd TAIRNEANACH freagradh comharraichte do 'n urnuigh, a dh' fhaodar a ghabhail mar eadraiginn o Dhia, agus anns gach linn de 'n eaglais dh' fhaodar freagraidhean sonraichte do dh' urnuigh a thional, na b' éiginn sin. Ach an so faodaidh e bhi feumail dà choire a chuirear as leth an teagaisg so a fhreagradh.

(1) Nach robh urnuighean dhaoine maith daonn-an air am freagradh.

(2) Nach 'eil a leithid sin a shamhla éifeachd urnuigh an diugh ri fhaicinn.

(1) A thaobh a' cheud choire, tha e gle fhìor nach robh urnuighean dhaoine maith daonnan air am freagradh gu litireil, ach bha iad air am freagradh a réir aobhair an urnuighean, ni a b' fhearr dhaibh féin, agus bha na's mo a réir glòire Dhè. Ghuidh Abraham air son Ismael, agus tha e air a fhreagradh an Isaac. Ghuidh Maois faotainn a steach a thir Chanaain, ach bha e air a ghiulan gu nèamh, de 'n robh Canaan ach 'na shamhla. Ghuidh Daibhidh air son a leinibh tinn,

## Urnuigh

agus tha e air a fhreagradh an Solamh. 'S na h-àitibh sin tha Dia a' freagairt urnuigh, ged nach ann a réir an doigh fein. Tha 'n Criosduidh 's na sgrìobtuiribh air a shamhlachadh ri ceannaiche. A nis faodaidh ceannaiche airgid a chur a dh' ionnsuidh caraid an dùthaich fhad as a cheannach ghoireasan dha. Ceannaichidh, gun teagamh, an caraid deagh ghoireasan, ged nach iad an dearbh sheors' a dh' iarr e. Chi e co-dhiù gu'n do cheannaicheadh na goireasan a chuireadh, saor, agus gu'm buannaich e gu mòr orra 'gan reic aig a' bhaile. Ge b' e dh' iarras sinn, 'sann aig ar Fear-tagraidh mòr is fhearr fios ciod is fhearr dhuinn agus sin bheir e dhuinn, chum mar so gur e th' ann diùltadh, freagradh tròcaireach.

(2) A thaobh an dara coire nach 'eil a leithid sin a shamhla éifeachd urnuigh ri fhaicinn an diugh, faodar a ràdh, ged is teirc an aireamh dhaoine maith cho saobhir ri Abraham, Iob agus Rìgh Solamh, tha ann aig a cheart àm so, tha air aghaidh na talmhainn daoine saobhir agus diadhaidh. Agus ged is teirc na daoine aig a bheil a leithid a chreidimh ri Abraham, agus Maois, agus Eliah, tha anns gach linn, daoine ann ro-shonraichte anns a' ghràs cheudna so. Tha daoine ann fhathast, tha gleac aig Cathair nan

# Urnuigh

gràs. Tha e fìor nach urrainn dhuinn ùail a dheanamh ann a 'miorbhuilibh, ach cha 'n 'eil iad nan comharradh a dh' fheumas a bhi aig an Eaglais. Oir tha freagradh spioradail mòran na's brìghmhoir dhi na na h-uile iongantasan ann an Zoan agus aig a' Mhuir Rhuadh, agus am fàsach Arabia. Ghuil cuspairean cràbhach, iomadh uair, ri Dia as leth a' chuid de 'n dlùth luchd-dàimh, agus an luchd-eòlais a bha ag aoineagraich 'sa pheacadh, agus bha na freagraidhean, a thugadh dhaibh, ro iongantach. Fhuair Monica mathair Augustine agus mòran eile freagraidhean d'an urnuigh. Is iomadh pàrant agus càraid dhiadhaidh a chunnaic an clann 's an luchd-eòlais a' pilleadh ri Dia, mar chaoraich chàillte ris a' chrò, agus a dh' aidich gu 'n d' fhuair iad freagradh tròcaireach. 'Nise, tha iompaichidhean ri Dia nan freagradh na's comharraichte na leigheas an lobhair, no tabhairt seallaidh do 'n dàll. Agus beannaichte gu'n robh Dia is urrainn do 'n eaglais a leithid sud a mhiorbhuilean, agus a leithid a fhreagraidhean urnuigh a nochdadh dhuinn.

3. Chi sinn éifeachd na h-urnuigh o na leanas. (1) Ni creideamh dh' aindeoin cho lag greim ar Uile-chumhachd. (2) Is e urnuigh dleasnas a dh' àithneadh, agus ris a bheil gealladh freagraidh

## Urnuigh

ceangailte. (3) Ni urnuigh ni sam bith ach a' ni tha eu-comasach.

(1) Ni creideamh greim air Uile-chumhachd. Tha fhios againn gu cinnteach gu'n do chleac Dia gu tric innealan glé lag chum mòr nithe a thoirt gu buil. Ach thilg an t-inneal anmhann, le creideamh beag, e féin air Dia agus dh' oibrich a lamh-sa slàinte. Bha Gideon fo eagal mòr agus cha robh aige dh' innealan, ach pigidh-uisge agus lòchran, agus gidheadh, chuir e ruaig air feachd mòr Mhidian, le' a mhàin, claidheamh an Tighearn' agus Ghideoin, a ghlaodh. 'Nise tha sgriobtuir làn de leithid sin a shamhla. Tha truailleachdan a' chridhe, agus buairidhean Shatain agus an t-saoghail do-labhairt cumhachdach. 'Se amharc ris a' chrann-cheusaidh an dòigh air buaidh a thoirt orra. Gidheadh chuireadh an dòigh so an suarachas le na daoine inbheach, agus glic, agus ealanta, ged is e so a' meadhon air uim-eachadh a chum daingnich Shatain, agus a chumhachd an cridheachan chloinn nan daoin', a sgrios. Leighis e mìltean agus muillionan de 'n chinne dhaoin'. 'Nise tha 'bhuidh leighis so cha 'n ann an creidimh féin, ach an Ceannard mòr a' chreidimh. Chunnaic mi, 'san ealain-chèirde, aon fhuiltean a' tionndaidh cuibhle bheag, agus a'

## Urnuigh

chuibhle sin a' tionndaidh cuibhle eile, chum agus gu 'n do thogadh cudthrom glé mhòr, agus ro throm gu mòr, air son neirt an fhuiltein. Thubhairt Fear-eòlais ainmeil àraidh na faigheadh e àite air an seasadh e gu'n gluaiseadh e an saoghal. 'Nise is fìor e, agus chaidh a dhearbhadh iomadh uair, 'nuair a gheibh creideamh gealladh, agus bonn-seasamh ann an focal Dhè, gu 'n gluais, agus gu 'n do ghluais e an saoghal. Chrith e rioghachdan, thug e buaidh air naimhdean, thioramaich e aibhnichean, agus mhùch e teine 'n athair. Rinn e na's mò na's urrainn a bhi air innseadh. Chrath e geataichean na h-ifirinn, bhuadhaich e air ana-miannaibh dhaoine, thug e air ais prìosanaich an dòchais. Thug creideamh sèamhachd do 'n inntinn, agus sìth agus fois do 'n chridhe, agus iarraidh creideamh air an ànradh agus a' bhoil a bhi 'nan tosd. Bheir aon shealladh air an t-Slanuighear buaidh air cumhachd peacaidh. Tha e a' cur ioc-shlaint Ghileaid ris an anam agus 'ga leigheas. (2) 'Se urnuigh dleasnas a dh' àithneadh agus ris a bheil gealladh freagraidh ceangailte. An déidh do Dhia an gealladh mòr sin a' thoirt d' an fhaidhe—Eseciel xxxvi. 25—cho-dhùin e le 'dheanamh cinnteach dhaibh, “Bithidh mise fathasd air m' iarraidh 'san ni so



## Urnuigh

le tigh Israeil, a chum a dheanamh air an son.” Tha ar Tighearn ag iarraidh oirnn iarraidh agus gu ’m bidh e air a thoirt dhuinn, agus a’ deanamh cinnteach dhuinn gu ’n thoir e an Spiorad Naomh dhaibh-san tha ag urnuigh air son ’uachdranachd. Is e focal agus gealladh Dhè tha ’cur brìgh ’san urnuigh. Chuir Dia air tùs sultaireachd, air neo buaidh fàis, ’san talamh chum giulan luibhean, agus craobhan, agus feur, agus corc—Genesis i. 11, 12—agus do bhrìgh na buaidh so tha ’n talamh a’ toirt fàs agus a’ tighinn fo bhlàth. Ged tha duine a’ deanamh a dhleasnas ag àiteachadh na talamhain, cha ’ne a shaothair-sa ach beannachd Dhè air tùs a tha toirt air cinneachadh. Agus mar an ceudna, is e focal agus gealladh Dhè tha toirt éifeachd do ’n urnuigh. Ma ni sinn ar dleasnas, cha ’n ’eil an teagamh is lugha nach bidh urnuigh air a freagar. (3) Ni urnuigh ni sam bith ach a ni tha eucomasach. Tha ’n Criosduidh ann fein ’na chreutair bochd, lag agus anmhann, ach na’ bitheadh fhios aig air cumhachd na h-urnuigh, bhitheadh e air a chleachdadh na bu mhò ’sa’ cheàird nèimhidh sin, na tha e. Gluaisidh stearsach gunna air a losgadh le aon saighdeir-faire, tùr shaighdeirean, agus an àm cogaidh cuiridh aon litir rioghachd gu leir air ghluasad. Agus mar so

## Urnuigh

dh' fhaodadh urnuigh aon Chrìosduidh gluasad a chur air an Eaglais-chogaidh gu h-ìomlan. Bha iad air ghluasad aig Peadar agus ma tha an Eaglais air a gluasad iarradh i a ni as àill leithe, agus théid a thoirt dhi. Faodaidh a ni a bhi mì-choltach, ach cha ghabh e bhi air àicheadh oirre. Na 'n oibriceadh Dia creideamh a dh' atharraicheadh beinn, thachradh sin. Ma dh' iarras iad ni nach 'eil a chum gloir Dhè, mar a rinn an dà Abstol—tha sin eu-comasach. Ach an uair a chuireas iad cumhachd na h-urnuigh an sàs an nithibh eile, dh'aindeoin cho duillich, agus mì-choltach, bithidh an iarrtasan air an deònachadh, agus Dia air a ghloireachadh 'san fhreagradh.

IV. Nochdaidh sinn na h-aobharan a bu chòir ar brosnachadh chum urnuigh a dheanamh. Tha na h-aobharan tha misneachadh a' Chrìosduidh a dheanamh urnuigh cho do-àireamh ri a thròcairean. Cridhe taingeil air an dala làimh agus faireachadh air 'fheum air a' làimh eile, deasaichidh iad dha argumaidean gu leòir, chum a cridhe, agus a làmhan, a thogail ri Dia 's na nèamhaibh. Ach a chionn gu bheil an sgrìobtuir a' labhairt rinn mar chreutairean reusanta, 'san air an aobhar sin, tha e air a ràdh, gu bheil sinn air ar tarruinn le còrdaibh duine agus ceanglaibh gràidh. Cuid de na h-

# Urnuigh

argumaidean a bu chòir ar brosnachadh a dh' urnuigh.

(1) Sochair agus éifeachd na h-urnuigh. Giulainidh duine glic an t-saoghal, le foidhidinn agus fosgailteachd, innleachd 'sam bith a theid air chois chum buannachd d' a nithibh tiomail, agus ma chi e gu bheil an innleachd reusonta agus coltach, cuiridh e an cleachdadh i. Agus an uair a chi e 'buannachd, leasaichidh e oirre, agus misnichidh a' bhuanachd so e chum tuillidh deuchainn-dearbhaidh. Agus, mar so, faodaidh aon innleachd a thighinn an lorg innleachd eile, gus, fadheòidh, am fàs e beartach. Agus tha sinn a' leughadh 'san sgrìobtuir mu mhuinntir tha saobhir an creidimh, agus b' e meadhon mhòr an saobhris, urnuigh. An Criosduidh as mò aig a bheil a ghràs as trice tha deiligeadh an urnuigh. Agus a' cheàird a rinn iadsan saobhir, faodaidh i sinn a' dheanamh saobhir mar a' ceudna. 'Nise nan abradh ana-creideamh ris an anam bhochd nach 'eil creideamh aige, cionnus a rithisd, a chleachdas 'se e fein 'san cheàird nèimhidh so. Tha 'n sgrìobtuir ag ràdh iarradh e gliocas. 'Nise ag iarraidh gràis o Dhia, ged nach b' urrainn duine ni sam bith a dheanamh chum a mhi-chreidimh so a chrathadh dheth, cha bhitheadh



## Urnuigh

e na dhiteadh dha, ach is peacadh pùiseanta, agus sàruichte e, agus bu chòir dhuinn glaodh ri Dia a sgrios. Ma's àill leinn a rithisd a bhi saobhir ann an creidimh agus ann an gràs agus 'san inntinn-nèimhidh, bitheamaid air ar cleachdadh an urnuigh, agus a' cur eòlais air cathair nan gràs. Chi sinn 'nuair a dh' àiticheas duine an talamh gu 'n giulain e toradh air choireigin. Giulainidh e luach a shaothair do 'n tuathanach. Ma tha achaidhean bog, gearraidh e claisean-tiormachaidh rompa, agus ma tha seanna chraobhan annta, gearraidh e sios iad, agus togaidh e 'm bun, agus bithidh obair a réir gne na h-ùir'. Deanamaid mar so ri 'r cridheachan, agus uimeachamaid iad air son pòr nan gràs.

(2) Bu choir buadhan Dhè ar misneachadh chum urnuigh. Tha solus reusain agus sgrìobtuir a' deanamh cinnteach dhuinn gu bheil Dia ann agus gu'n còir dhuinn aoradh a dheanamh dha. Air an aobhar sin an ti a thig a dh' ionnsuidh Dhè is éigin dha a chreidsinn gu bheil e ann agus gur e 'n Ti e a bheir duais do 'n dream a dh' iarras e gu dìchiollach. Is Cuspair foirfe Dia agus tarruinnidh a bhuidhean maiseach sinn chum gràdh a thoirt dha agus urnuigh a dheanamh ris. Is e cuid de bhuidhean tròcair agus maitheas, naomhadh

## Urnuigh

agus firinn, gliocas agus cumhachd. Tha thròcair agus maitheas aige, agus tha e neo-chriochnach a thaobh nam buadhan sin, oir tha thròcair mòr gu ruig nan nèamhan, agus tha mhairtheas agus a chùram thairis air uil' oibrìbh. Tha thròcair a' filleadh innte truaigh', agus cha b' urrainn truaigh' a bhi gu 'n pheacadh. Rinn am peacadh a bhi air a cheadachadh tighinn a steach do 'n t-saoghal mhoralta, slighe fhosgladh do thaisbin-eadh thròcair, "oir far an do mheudaicheadh am peacadh, bu ro-mhò a mheudaicheadh gràs." Rinn tuiteamas an duine slighe do ghràdh Dhè ann an ullachadh Slanuighear, agus Fear Cumhachdach. 'Nise bu choir an sealladh so de thròcair Dhè ar brosnachadh gu h-iongantach gu urnuigh. Tha naomhachd agus firinn aige. Coisinnidh sealladh de thròcair 's an cheud àite ar gràdh. Ghinneadh sealladh de 'r graineileachd, gu 'n sealladh de thròcair, eu-dòchas. Ach ag faicinn dhuinn, agus ag creidsinn dhuinn 'na thròcair, tarraunnidh sealladh a naomhachd ar gràdh, ionnus gu 'n iarr sinn a bhi cosmhuil ris. Ged is buadhan eagallach ceartas agus naomhachd Dhè do 'n pheacach neo-iompaichte a' buadhachadh 'na pheachdaidhean, bheir 'fhirinn, ann an coithlìonadh a gheallana, misneach do 'n iompachan. Tha 'n fhirinn a'

## Urnuigh

deanamh cinnteach dhuinn gu 'n do chuir Dia a Mhac a dh' ionnsuidh an t-saoghail agus gu 'n dh' fhuiling e air son nam peacach, agus gu bheil e 'tairgse gràis dhaibh, agus nach bidh peacach sam bith a thig air a thilgeadh a mach. Tha e toir cuireadh do pheacaich amharc ris, agus gu 'm bidh iad air an tearnadh, agus tha e 'gam misneachadh tagar air son còmhnuidh an Spioriad. Is aobharan brosnachaidh cumhachdach iad so. Tha gliocas agus cumhachd aige. Tha sinne lag agus dorch' agus dall, agus cha 'n áithne dhuinn ar dleasnas n' an t-slighe air am bu choir dhuinn imeachd, agus a thuilleadh tha mòran naimhdean againn an co-cheangal dainghean chum ar cron agus eadhon ar sgrios. O Chomhfhurtachd! gu 'n toir a ghliocas an comhairle gu neoni, agus gu 'm bris e cumhachd na h-ifirinn, agus ar n-ana-mianna, agus ar mi-chreideamh agus cumachd ar n-uile naimhdean gu léir.

(3) Bu chòir na geallana nèamhaidh 'san sgrìobtuir ar brosnachadh gu urnuigh. Tha iad air an sgapadh troimh fhocal Dè, agus tha iad cho iomadach agus gu bheil iad co-ionnan ris gach suidheachadh 'sam bidh sinn. Ruigidh iad oirnn co-dhiù tha sinn an staid iompaichte no neo-iompaichte. Tha e air aideachadh leis na h-uile

## Urnuigh

dhaoine gu buin na geallana do phobull an Tighearna. An urrainn do pheacach gealladh a thagar, agus a bheil còir sam bith aige air so a dheanamh? Tha 'm freagradh soilleir. Tha còir aig a' pheacach a thighinn a dh' ionnsuidh an t-Slanuighear agus creidsinn; agus uile gheallaidhean is seadh agus amen iad ann an Iosa Chrìosd. Agus ma tha còir aig a' pheacach a thighinn a dh' ionnsuidh Chrìosd, tha còir aige air gealladh a thagar agus a chreidsinn. Amharcaid c'ar son a tha peacach a' tighinn a dh' ionnsuidh Chrìosd. Air son maitheanais agus glaine. Tha 'n fhirinn ag ràdh, "Crathaidh mi uisge glan oirbh," "iarraibh agus bheirear dhuibh." "Ma tha neach agaibh a dh' uireasbhuidh gliocais iarradh e o Dhia." 'Se tha 'n an Slanuighear Pearsa fhollaiseach—dha na h-uile. Chaidh e suas air ionad àrd, chum a bhi toirt tiodhlacan. Tha e air àrdachadh na Phrionnsa, agus is urrainn dha aithreachas a thoirt, agus faodaidh peacach sin a ràdh ris. Faodaidh creutairean euslainteach tighinn d'a ionnsuidh le creideimh cumanta 'bhi aca, agus faodaidh peacach aslachadh, le creideimh cumanta a bhi aige, nach tilg e neach 'sam bith, a thig, a mach. Air an aobhar sin, ma dh' iarras sinn nithean

## Urnuigh

tiomail, no spioradail, no siorruidh, tha geallaidhean againn 'san sgrìobtuir. Co-dhiù tha 'r staid cumanta, no neo-chumanta agus anabarrach, tha àite 's na geallaidhean dhuinn. Agus mur 'eil fhios againn ciod an gealladh a bhuineas dhuinn no 'bheil àite ann an aon dhiubh air ar son, tha àite dhuinn san t-Slanuighear féin. Tha e fìor nach 'eil còir aig na cealgairean agus na creutairean neo-iompaichte a bhi co-chur 'gheallaidhean riutha féin, ach ma chreideas a leithid sin a chreutairean bagraidhean, agus gu'm faic iad an truaighe féin, tha iad air a' misneachadh gu bhi 'creidsinn agus a tagar na geallaidhean a thugadh do 'n mhuinntir a ni aithreachas agus a philleas air an ais. Agus am peacach a chreideas e féin a bhi mar so, tha e air a chuireadh tionndaidh ri Dia, tha toirt gealladh maitheanais dha.

(4) Ach is e eadar-ghuidhe Chrìosd an t-aobhar brosnachaidh chum urnuigh, as mò. Cha bhi fhios aig mòran de sluagh an Tighearna, gu h-àraidh 'nan suidhichean dorch, ciod e gu sonraichte na geallaidhean a thagras iad, na ciod an còir annta, n'an comh-roinn dhiubh. Is teirc na Crìosduidhean a ghleidheas cuimhne air na geallaidhean uile, ged tha iad aca 'nam meall fa 'n comhair an Leabhar Dhè. Ach ged dh'



## Urnuigh

fhaodas iad na geallaidhean a dhi-chuimhneachadh, agus a bhi teagmhach a thaobh an còirichean annta, tha aon fhirinn nach 'eil nan comas a dhi-chuimhneachadh gu bheil, "Fear-tagraidh againn maille ris an Athair, Iosa Criosd am firean." Tha 'n Criosduidh a' deanamh feum de 'n t-Slanuighear, mar an duine neo-fhoghlumte a chuireas a chùis-lagha an lamhaibh fear-lagha. Tha mòran phaipeirean, agus bhillichean aige, ach cha 'n urrainn dha an leughadh. Ach is maith is aithne do 'n fhear-lagha am paipeir as e bonn-tagraidh na cùise, agus air son a bheil feum air a dheanamh dheth. A nis ged dh' fhaodas am peacach bochd a bhi an dorchadas, agus gun fhios aige ciod an gealladh sonraichte, n'am bagradh tha labhairt ris aig an àm cuiridh-se e féin an làmhaibh an Eadar-mheadonair agus ni esan an leughadh air a shon. Fàgaidh bagradh summanadh aig dorus a chogais. Théid e leis gu Fhear-tagraidh mòr, agus fàgaidh 'se e 'na làmhaibhsan maille ri cùram a chùis. Tha e 'faicinn gealladh 'san fhirinn, agus théid e leis a dh' ionnsuidh 'Eadar-ghuidhear, agus iarraidh e air gu dùrachdach a thagar air a shon. Tha fhios aige gu 'n coisinn e anns gach cùis 'san tagair e. Agus roimh an chùis a dhol a dara taobh, tha saorsa inntinn aige, 'nuair a smuain-

# Urnuigh

icheas e air na deagh làmhnan 'san d' fhàg se e. Tha sinn a' leughadh 'san fhìrinn mu éifeachd urnuighean dhaoine maith, cia mò gu mòr a bu chòir do 'n Chrìosduidh a mhuinighin a chur an urnuighean an Ti ghlormhor a chuir éifeachd 's na h-uile h-urnuigh dhiubh sin o thoiseach an t-saoghail. Mar a bha e 'na Uan air a mharbhadh, bha e mar an ceudna 'na Aingeal a' Chùmhnant agus tha e daonnan, agus daonnan bithidh e, 'na sgiath agus 'na dhìein d' a shluagh.

Bithidh mi 'co-dhuineadh le cuid a theagasgan cleachdail.

1. Ma tha ar n-urnuighean treidhireach thèid iad thairis air peacadh, n' as mò na sin, claidhidh iad e. Fàsaidh an t-sliabh mhòr 'na comhnard roimh Sherubabel, agus buailidh cnuimh Iacoib na sleibhtean agus pronnaidh si mìn iad. Fàsaidh an gràinne mustard gu bhì 'na chraobh. Agus thig an sruth beag ag éirigh aig dorus an teampuill gu bhì 'na abhuinn mhòr. Dh' aindeoin cho lag agus mì-ghealltanach agus a dh' fhaodas an t-aobhar a bhì air tùs, bithidh e mu dheireadh buadhach, agus fadheòidh ceannsaichidh e cumhachd na h-ifirinn agus ana-miann a' chridhe.

2. Iadsan a tha ag urnuigh agus 'gan cleachdadh féin 'sa pheacadh cha ruig leas sùil a bhì aca ri

## Urnuigh

freagrach. Tha 'n Salmadair ag ràdh, “Ma bheir mi speis do euceart a' m' chridhe cha 'n eisd an Tighearn rium.” Cha 'n 'eil urnuigh agus toileachas 'sa' pheacadh co-chordail. Bha leanabh phàrantean diadhaidh air a thaladh le cloinn eile a dhol a ghoid meas. Smuainich aon dhiubh—gille papanach—gu bu chòir dhaibh an toiseach urnuigh an Tighearn' a ràdh. Bha 'n leanabh eile air a bhualadh cho mòr 'na inntinn le aonadh cho mi-choltach ri mearl agus urnuigh agus nach do ghoid e riamh an déidh sin. Chunnaic cogais an leanabh mi-chordadh ro shoilleir eadar urnuigh agus slaughtearachd ann an aon phearsa. Feumaidh luchd-aidichidh cùl a chur ris an dala h-aon n'an aon eile, oir cha chinnich iad le cheile.

3. Ma bha sinn ag urnuigh agus nach d' fhuair sinn freagrachd rannsaichimid sinn féin chum an t-aobhar fhaotainn. Ma tha teagamh againn 'nar treidhireas, ni sin féin a' chùis a mhineachadh. Ach ma tha sinn ceart 'nar deiligean ris an Tighearn' agus gu bheil freagrachd air a chumail air ais, faodaidh gu bheil truailleachd dhiomhair 'na luidh sìos 'sa' chridhe nach deach a leigeadh ris duinn, air neo faodaidh e bhith nach 'eil sinn iriosal gu lèir fhathast na uimichte air son freagraidh. Faodaidh peacadh, 'nuair tha chùis

## Urnuigh

'sa' chùirt, bacadh a chur air freagradh, agus sinn a chumail an dorchadas.

4. Ma tha sinn mothachail air toradh na h-urnuigh, bu chòir dhuinn Dia a ghràdhachadh agus buidheachas a thoirt dha air son so (Salm cxvi. 1). Tha 'n tròcair as lugha 'na aobhar tangeileachd, oir cha 'n airidh sinn air an tròcair as lugha. Cia mò gu mòr is aobhar tangeileachd freagradh a thaobh beannachdan spioradail. Is mòr an t-aobhar buidhichis do Dhia tha ann a bhi faotainn buaidh air ana-miann, agus air cumhachd peacaidh, agus mi-chreideamh a bhi air a sgrios. Tha fhios againn gu bheil a leithid sin a bhuidhich air fhaotainn troimh urnuigh. 'Se 'n cath, cath an Tighearna, coisnidh creideamh a' bhuidhich, agus bithidh a' bhuidhich air a faotainn le urnuigh, dhian, dhùrachdach, agus threidhireach. Do 'n Tighearn gu' n robh a' ghloir.

5. Bu chòir toradh urnuigh ar brosnachadh gu liosdachd, oir is earlas e air tuilleadh toraidh. Tha sinn a' leughadh 'san fhìrinn mu earlais an Spioraid, agus earlais na h-oighreachd. Is earlas air tuilleadh am beagan gràis, agus dearbhadh gu'n sealbhaich sinn an oighreachd air ullachadh air son nan naomh. Is cuid de'n duais an t-airgiod earlas am bargan sam bith, agus tha 'n lagh a cur

## Urnuigh

neach fo fhiachaibh an t-iomlan a phraigheadh. 'Se gràs 'san Chriosduidh earlas na glòire, agus bhuineadh dhuinn Dia a ghlòireachadh air son "là nan nithean beaga."

6. Is gnothuich eagalach so do 'n mhuinntir nach 'eil ri urnuigh. Tha e fìor, gu 'm bidh na cealgairean agus an luchd-aidich fhormail, nach dean aithreachas, truagh, ach tha e ro-chinnteach, gu 'm bidh na creutairean gun urnuigh agus gun chreidimh, air an toirt a seachad do dhòruinn 'san ath shaoghal. Ged bhitheadh beatha mhuinntir saor o eucoir ghràineil, is leòir sin chum an diteadh. Tha e air a dheanamh dearbhta dhuinn 's an fhìrinn gu 'n dean cin-diadhachd cho maith ri cleachdadh a' pheacaidh an t-anam a sgrios. Taisbeinidh an diadhachd i féin 'san urnuigh, agus gheibh i a fois deireannach agus siorruidh ann an Iosa Crìosd.—AMEN.

PRINTED BY  
OLIVER AND BOYD  
EDINBURGH, SCOTLAND.







'S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,  
Ar spionnadh e 's ar treis:  
An aimsir carraid agus teinn,  
Ar cobhair e ro dheas.  
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,  
Cha 'n aobhar eagail duinn:  
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'  
Am builsgein fairg'is tuinn.—*S. xlvi. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'  
Cha bhi ort geilt no sgàth;  
No fòs fa chùis na saighde bhios  
A' ruith air feadh an là:  
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh  
Tha triall an dorchadas:  
No fòs fa chùis an uilc a bhios  
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas  
Na fuaim nan uisge garbh';  
Is treise Dia na sumainnean,  
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

“**N** UAIR a rinn a’ Roinn-Eorp’ bagairt a’ dheanamh air na h-eileanan so, bhitheadh e ’na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d’ éirich iad mar aon duine a’ dhìon an dùthaich mhàthaireil. . . .

Oir tha araon ar Rìgh agus ar tìr ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b’e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

’N uair tha eud an t-saighdeir ’na theine le gràdh tìr is teach’, cha’n’eil crìochan aig dànachd a spioraid, agus cha’n’eil beart arma ris nach sìn e làmh. . . .

Is fìor rogha òigridh ar dùthcha saor-shaighdeirean ar Rìgh, agus cha’n’eil an coimeas an arm tìr air bith. Bu choir “Tìr nam beann ’s nan gleann,” bhi na “Tìr nan gaisgeach.” . . .

’S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chrìosd bhithear neo-sgàthach anns a’ chath. Bitheadh a Cheannard ’na chridhe agus cha bhi crìth ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho’n chòmhrag, oir tha beatha a’ Chrìosduidh tèaruint agus tha ’bhuidh cinnteach. Roimh dha dhol ’s a’ chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh troimh an Uan bithidh orra crùn na glòire, agus bithidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri ’n dòghruinn anns a’ bhuidh, agus bithidh sonas bith-bhuan ’nan cridheachan agus aoibhneas sìorruidh air an cinn ’n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tìgh an Athar.”

*Dr Ceanaideach*

*bha’n Inbhir pheofharan.*









x

of the book is the 'new' or 'emerging' world, which is defined as comprising 119 countries, including 110 developing countries and 9 transition economies.

The book is divided into two parts. The first part, 'The New World', contains 11 chapters, each devoted to a different region. The second part, 'The Old World', contains 11 chapters, each devoted to a different country. The chapters in the first part are: Africa, Latin America, the Middle East, Asia, Europe, the Pacific, the Balkans, the Commonwealth, the Former Soviet Union, the Arab World, and the Islamic World. The chapters in the second part are: China, India, Russia, Brazil, Mexico, Argentina, South Africa, Australia, Canada, the United States, and the United Kingdom.

The book is written in a clear and concise style, and is easy to read. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.

The book is a well-written and informative survey of the economic development of the new world, and of the economic challenges facing the old world. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.

The book is a well-written and informative survey of the economic development of the new world, and of the economic challenges facing the old world. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.

The book is a well-written and informative survey of the economic development of the new world, and of the economic challenges facing the old world. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.

The book is a well-written and informative survey of the economic development of the new world, and of the economic challenges facing the old world. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.

The book is a well-written and informative survey of the economic development of the new world, and of the economic challenges facing the old world. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.

The book is a well-written and informative survey of the economic development of the new world, and of the economic challenges facing the old world. It is a valuable resource for anyone interested in the economic development of the new world, and for anyone who wants to understand the economic challenges facing the old world.